



Higher  
Course  
Specification



---

# Sònrachadh Cùrsa Cruinn-eòlas Àrd Ìre (C771 76)

## Bhon Lùnastal 2014

A' chiad fhoillseachadh: Giblean 2014, dreach 1.1

Ath-sgrùdadh: Sultain 2014, dreach 1.2

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA: [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoir fa-near nota air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bhon dreach eile (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2014

# Cnàmhan a' Chùrsa

**Tìotal a' Chùrsa:** Cruinn-eòlas Àrd Ìre

**SCQF:** ìre 6 (24 puingean creideis SCQF)

**Còd a' Chùrsa:** C771 76

## Aonadan Riatanach

Tha trì aonadan riatanach agus Measadh Cùrsa anns a' Chùrsa seo.

**H4WC 76 Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach (Àrd Ìre) 6 puingean creideis SCQF**

No

**H8W6 76 Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach (Àrd Ìre)\* 6 puingean creideis SCQF**

agus

**H2V5 76 Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Daonna (Àrd Ìre) 6 puingean creideis SCQF**

agus

**H4WD 76 Cruinn-eòlas: Cùisean Cruinneil (Àrd Ìre) 6 puingean creideis SCQF**

agus

**Measadh Cùrsa 6 puingean creideis SCQF**

Tha sia puingean creideis SCQF sa Chùrsa seo gus ùine a bharrachd a cheadachadh airson ullachadh mu choinneamh measadh a' Chùrsa. Tha measadh a' Chùrsa a' còmhdach luach-leasaichte a' Chùrsa.

\*Aonad a' cur ri Duais Eòlas na h-Alba. Bu chòir an Sònrachadh Cùrsa seo a leughadh còmhla ris an t-Sònrachadh Aonaid bhuntainneach airson Eòlas na h-Alba air [làrach-lìn Duais Eòlas na h-Alba](#).

## Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse riatanach fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ◆ Cùrsa Cruinn-eòlas Nàiseanta 5 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa
- ◆ Cùrsa Saidheans na h-Àrainneachd Nàiseanta 5 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa

## Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ Cùrsa Cruinn-eòlas Àrd Ìre Adhartach no na h-Aonadan aige
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

## **Co-ionannachd agus in-ghabhail**

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa* agus air *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*.

## Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairginn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus a' cleachdadh ionnsachadh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Anns a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlàn agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

## Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Tha an Cùrsa Cruinn-eòlais a' togail air prionnsapalan agus cleachdadh raon curraicealaim eòlas sòisealta agus raon curraicealaim saidheans.

Brosnaichidh an Cùrsa seo luchd-ionnsachaidh gus beachdan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn fhosgailte agus spèis do luachan, creideas an agus cultaran dhaoine eile; a bhith fosgailte do smaoineachadh agus bheachdan ùra; mothachadh air dleastanas agus saoranachd chruinneil.

Tro bhith a' sgrùdadh Cruinn-eòlas agus tro bhith a' faighinn dòighean air mion-sgrùdadh cruinn-eòlach a dhèanamh, gheibh luchd-ionnsachaidh tuigse air cùisean ann an saoghal an là an-diugh a tha nan uallach do shaoranaich gu lèir. Tro bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh na ceithir comasachdan ann an iomadh dòigh. Mar eisimpleir, thèid sealladh an luchd-ionnsachaidh a leudachadh agus thèid iarraidh orra coimhead air an t-saoghal ann an dòighean ùra. Fàsaidh a' mhisneachd aca nuair a thòisicheas iad a' tuigsinn barrachd mun fhèin-aithne fhèin agus ag ionnsachadh mu dhùthchannan agus chultaran eadar-dhealaichte. Togaidh luchd-ionnsachaidh frèam de eòlas agus tuigse cruinn-eòlach leis an tuig iad cùisean cruinneil agus leis an toir iad freagairt dhaibh; cuidichidh seo iad gus a bhith mothachail air saoranachd earbsach.

Bheir an obair rannsachaidh agus breithneachaidh sa Chùrsa seo eòlas cudromach do luchd-ionnsachaidh a thaobh a bhith a' cur ri obair-buidhne agus cuideachd a bhith ag obair air an ceann fhèin. Gheibh luchd-

ionnsachaidh buadhan a bhios cudromach airson am beatha agus an obair. Tro sgilean agus susbaint a' Chùrsa Cruinn-eòlais, gheibh luchd-ionnsachaidh barrachd tuigse air an àrainneachd, seasmhachd agus buaidh chùisean cruinneil. Thèid am brosnachadh gus mothachadh air saoranachd earbsach a leasachadh agus gus cnuasachadh air buaidh na h-àrainneachd air an slàinte agus an sunnd fhèin, agus air cuid dhaoine eile. Leis gum bi cuideam air a bhith a' luachadh stòran, nam measg mapaichean, thèid sgilean smaoineachaidh a leasachadh. Mean air mhean thig piseach air sgilean litearrachd agus àireamhachd luchd-ionnsachaidh.

## Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

Fosglaidh Cruinn-eòlas an àrainneachd fhiosaigeach agus dhaonna timcheall orra do luchd-ionnsachaidh, agus na dòighean sam bi daoine ag eadar-obrachadh leis an àrainneachd.

'S e adhbhar a' Chùrsa seo tuigse an neach-ionnsachaidh a leasachadh mun t-saoghal againn 's e ag atharrachadh, agus mu na pròiseasan daonna agus fiosaigeach aige. Bidh cothroman ann airson obair phractaigeach, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh, ach am faigh luchd-ionnsachaidh air eadar-obrachadh leis an àrainneachd aca.

San 21d linn, agus mothachadh mu bhuidh obair dhaonna air an àrainneachd 's air stòrasan tearc a' sìor fhàs, tha a bhith a' sgrùdadh Cruinn-eòlas a' brosnachadh seasamh dòigheil fad-bheatha a thaobh stiùbhardachd na h-àrainneachd, seasmhachd agus saoranachd chruinneil. Bheir an teisteanas seo na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse do luchd-ionnsachaidh a leigeas leotha cur gu h-èifeachdach ris na coimhearsnachdan ionadail aca fhèin agus ris a' chomann-shòisealta mhòr.

Tha na co-theacsaichean airson sgrùdadh ionadail, nàiseanta, eadar-nàiseanta agus cruinneil. Tha an Cùrsa seo a' cur nan saidheansan sòisealta agus nàdarra gu feum: mar sin tha ionnsachadh eadar-chuspaireil bunaiteach ann an sgrùdadh cruinn-eòlach agus tha ceanglaichean ri cuspairean eile gam brosnachadh.

'S iad prìomh amasan a' Chùrsa seo gun leasaich luchd-ionnsachaidh:

- ◆ tòrr sgilean agus dòighean cruinn-eòlach diofraichte
- ◆ tuigse air iom-fhillteachd nan dòighean anns am bi daoine agus an àrainneachd ag eadar-obrachadh mar fhreagairt do phròiseasan fiosaigeach agus daonna aig ìre ionadail, nàiseanta, eadar-nàiseanta agus cruinneil
- ◆ tuigse air dàimhean spàsail agus air iom-fhillteachd an t-saoghail 's e ag atharrachadh, ann an dòigh cothromach, breithneachail, co-fhaireachail
- ◆ sealladh cruinn-eòlach air cùisean àrainneachd agus sòisealta agus cho cudromach 's a tha iad
- ◆ uìdh ann, tuigse air, agus cùram airson na h-àrainneachd agus leasachadh seasmhach
- ◆

## Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Tha an Cùrsa seo freagarrach airson tòrr luchd-ionnsachaidh eadar-dhealaichte, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ag iarraidh tuigse nas fheàrr fhaighinn air an àrainneachd agus air an àite aca fhèin innte, cho math ri luchd-ionnsachaidh a tha airson a dhol air adhart gu trèanadh nas speisealaichte no gu foghlam adhartach no cosnadh.

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, 's dòcha gum bi e feumail do luchd-ionnsachaidh a tha a' sgrùdadh Cruinn-eòlas na

sgilean agus an t-eòlas a dh'fheumar airson Cùrsa Cruinn-eòlas Nàiseanta 5 no teisteanasan co-ionann a bhith aca.

Tro bhith a' coileanadh a' Chùrsa seo gu soirbheachail leasaichidh luchd-ionnsachaidh grunn sgilean cudromach a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach:

a' cleachdadh, ag eadar-mhìneachadh, a' luachadh agus a' mion-sgrùdadh tòrr fiosrachadh cruinn-eòlach eadar-dhealaichte; ag eadar-mhìneachadh agus a' mìneachadh thachartasan cruinn-eòlach iom-fhillte; a' cleachdadh tòrr mhapaichean diofraichte 's dàta eile gus fiosrachadh cruinn-eòlach iom-fhillte a làimhseachadh agus a chur an cèill; agus sgilean rannsachaidh, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh.

Bidh cothrom aig luchd-ionnsachaidh fàs mothachail air grunn shiostaman fiosrachaidh cruinn-eòlach tro ICT no dòighean eile.

Tha Aonadan agus Cùrsaichean Cruinn-eòlais gan tabhann bho SCQF ìre 3 gu ìre 7. Gabhaidh adhartas dìreach a dhèanamh tro na h-ìrean de theisteanasan Cruinn-eòlais agus tarsainn gu teisteanasan eile san t-sreath de Chùrsaichean ann an eòlas sòisealta agus cuid de Chùrsaichean saidheans.

Le teisteanas ann an Cùrsa Cruinn-eòlas Àrd Ìre gheibhear a-steach gu foghlam adhartach agus àrd-ìre agus gu mòran chosnaidhean agus dhreuchdan eadar-dhealaichte.

# Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

## Structar a' Chùrsa

Leasaichidh an Cùrsa seo grunn sgilean inntinneil agus practaigeach. Brosnaichidh e ionnsachadh gnìomhach, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh, ann a bhith a' leasachadh eòlas agus tuigse air cùisean cruinn-eòlach. Bidh an cuspair seasmhachd a' ruith tron Chùrsa mar a tha iomchaidh. Togaidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas buntainneach. Tro bhith a' cleachdadh tòrr stòran fiosrachaidh diofraichte, leasaichidh iad sgilean rannsachaidh, luachaidh agus mion-sgrùdaidh gus cùisean cruinn-eòlach iom-fhillte a thuigsinn agus a mhìneachadh.

Tro bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo leasaichidh luchd-ionnsachaidh tòrr sgilean cudromach a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach: a' cleachdadh, ag eadar-mhìneachadh, a' luachadh agus a' mion-sgrùdadh tòrr fiosrachadh cruinn-eòlach eadar-dhealaichte; ag eadar-mhìneachadh agus a' mìneachadh thachartasan cruinn-eòlach iom-fhillte; a' cleachdadh tòrr mhapaichean eadar-dhealaichte 's tòrr dàta eile gus fiosrachadh cruinn-eòlach iom-fhillte a làimhseachadh agus a chur an cèill; agus sgilean rannsachaidh, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh.

Gheibh luchd-ionnsachaidh mothachadh air grunn shiostaman fiosrachaidh cruinn-eòlach tro ICT no dòighean eile.

Thèid na sgilean gu h-àrd a leasachadh agus a chleachdadh tarsainn air co-theacsaichean bhon àrainneachd fhiosaigich, an àrainneachd daonna agus cùisean cruinneil sna h-Aonadan a leanas. Bheir gach Aonad cothroman cuideachd do luchd-ionnsachaidh a bhith ag amas air sgilean sònraichte.

Tha trì Aonadan riatanach sa Chùrsa seo. Am broinn gach Aonaid tha sùbailteachd a thaobh cho-theacsaichean a dh'fhaodar sgrùdadh gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

Thèid na prionnsapalan gu h-àrd a chleachdadh anns na h-Aonadan gu h-ìosal:

### **Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach (Àrd Ìre)**

San Aonad seo, leasaichidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh sgilean agus dòighean cruinn-eòlach ann an co-theacsa àrainneachdan fiosaigeach. Leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean mapaidh ann an co-theacsaichean cruinn-eòlach. Leasaichidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air na pròiseasan agus na h-eadar-obraichean a tha a' dol air adhart ann an àrainneachdan fiosaigeach aig ìre ionadail, sgìreil agus chruinneil.



Am measg nam prìomh chuspairean: àile, haidreasfèar, litosfèar agus bithsfèar. Tha pearsanachadh agus roghainn ceadaichte tro sgrùdaidhean-cùise agus na raointean sgrùdaidh a thèid a thaghadh.

### **Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Daonna (Àrd Ìre)**

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean agus dòighean cruinn-eòlach ann an co-theacsa àrainneachdan daonna. Leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean rannsachaidh ann an co-theacsaichean cruinn-eòlach. Leasaichidh agus cleachdaidh

luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air na pròiseasan agus na h-eadar-obrachaidhean a tha a' dol air adhart ann an àrainneachdan bailteil agus dùthchail, ann an dùthchannan leasaichte agus fo leasachadh.

Am measg nam prìomh chuspairean: àireamh-sluaigh, milleadh-fearainn agus stiùireadh air fearann dùthchail, atharrachadh agus stiùireadh bailteil. Tha pearsanachadh agus roghainn ceadaichte tro na co-theacsaichean a thèid a thaghadh mar chuspairean-sgrùdaidh.

### **Cruinn-eòlas: Cùisean Cruinneil (Àrd Ìre)**

San Aonad seo, leasaichidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh sgilean agus dòighean cruinn-eòlach ann an co-theacsa chùisean cruinn-eòlach cruinneil. Leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean ann an anailis àireamhach agus ghrafaigeach, ann an co-theacsaichean cruinn-eòlach. Leasaichidh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air cùisean cruinn-eòlach cruinneil a sheallas an t-eadar-obrachadh ann am factaran fiosaigeach agus daonna, agus na ro-innleachdan ris an gabhar gus na cùisean sin a stiùireadh.

Am measg nam prìomh chuspairean: stiùireadh sgìre aibhne, leasachadh agus slàinte, atharrachadh gnàth-shìde cruinneil, malairt, cobhair agus geo-phoilitigs, lùth. Tha pearsanachadh agus roghainn ceadaichte tro na cùisean a thèid a thaghadh airson sgrùdadh.

## **Cumhachan coileanaidh**

Gus teisteanas a' Chùrsa fhaighinn, feumaidh an neach-ionnsachaidh na h-Aonadan gu lèir a phasaigeadh cho math ri measadh a' Chùrsa. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an earrann cnàmhan a' Chùrsa. Bidh am measadh Cùrsa na bhunait gus buileachadh a rangachadh ann an teisteanas a' Chùrsa.

## Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh air sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa air a thoirt seachad ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse riatanach a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Tha seo a' còmhach:

- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean, eòlas agus tuigse tarsainn air cùisean iom-fhillte fiosaigeach, daonna agus cruinneil
- ◆ a' rannsachadh agus a' luachadh tòrr fiosrachadh eadar-dhealaichte, air a chruinneachadh bho grunn stòran mu chùisean cruinn-eòlach iom-fhillte
- ◆ a' cleachdadh tòrr sgilean agus dòighean mapaidh diofraichte, ann an co-theacsaichean cruinn-eòlach air a bheilear no nach eilear eòlach, a' gabhail a-steach a' cleachdadh mhapaichean Tomhais Riaghaltais
- ◆ a' cleachdadh tòrr sgilean agus dòighean rannsachaidh diofraichte, a' gabhail a-steach sgilean rannsachaidh a-muigh, ann an co-theacsaichean cruinn-eòlach air a bheilear no nach eilear eòlach
- ◆ a' cleachdadh tòrr sgilean agus dòighean àireamhach agus grafaigeach diofraichte ann an co-theacsaichean cruinn-eòlach air a bheilear no nach eilear eòlach
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh eòlas agus tuigse fhìrinneach agus teòiridheach agus a' toirt mhìneachaidhean mionaideach air na pròiseasan agus na h-eadar-obrachaidhean iom-fhillte a tha a' dol air adhart ann an àrainneachdan fiosaigeach aig ìre ionadail, sgìreil agus cruinneil
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh eòlas agus tuigse fhìrinneach agus teòiridheach agus a' toirt mhìneachaidhean mionaideach air na pròiseasan agus na h-eadar-obrachaidhean iom-fhillte a tha a' dol air adhart ann an àrainneachdan daonna ann an grunn chomann-sòisealta bailteil agus dùthchail, leasaichte agus fo leasachadh
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh eòlas agus tuigse fhìrinneach agus teòiridheach agus a' toirt mhìneachaidhean mionaideach air cùisean cruinn-eòlach cruinneil iom-fhillte a sheallas an t-eadar-obrachadh eadar cùisean fiosaigeach agus daonna

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Bheir sònrachaidhean ìre SCQF tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF. ([www.sqa.org.uk/scqf](http://www.sqa.org.uk/scqf))

## Measadh

Tha fiosrachadh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Sònrachadh Measadh*

a' *Chùrsa*. Bheir seo seachad làn mhion-fhiosrachadh, a' gabhail a-steach comhairle air mar a thèid buileachadh iomlan neach-ionnsachaidh airson a' Chùrsa a dhearbhadh.

## Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an Sònrachadh an Aonaid.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Nì SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

### **Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach (Àrd Ìre)**

San Aonad seo, bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn gun urrainn dha:

- ◆ sgilean agus dòighean mapaidh diofraichte a chleachdadh, ann an co-theacsaichean àrainneachdan fiosaigeach
- ◆ eòlas agus tuigse a chleachdadh air na pròiseasan agus na h-eadar-obrachaidhean a tha a' dol air adhart ann an àrainneachdan fiosaigeach aig ìre ionadail, sgìreil no chruinneil

### **Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Daonna (Àrd Ìre)**

San Aonad seo, bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn gun urrainn dha:

- ◆ sgilean agus dòighean rannsachaidh diofraichte a chleachdadh, ann an co-theacsaichean àrainneachdan daonna
- ◆ eòlas agus tuigse a chleachdadh air na pròiseasan agus na h-eadar-obrachaidhean a tha a' dol air adhart ann an àrainneachdan daonna

### **Cruinn-eòlas: Cùisean Cruinneil (Àrd Ìre)**

San Aonad seo, bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn gun urrainn dha:

- ◆ sgilean agus dòighean àireamhach agus grafaigeach diofraichte a chleachdadh ann an co-theacsa chùisean cruinneil cruinn-eòlach
- ◆ eòlas agus tuigse air cùisean cruinneil cudromach a chleachdadh

Ma thèid Aonadan a ghabhail mar phàirt de Chùrsa, faodaidh an fhianais airson 'sgilean mapaidh', 'sgilean rannsachaidh' agus 'sgilean ann an

cleachdadh fiosrachadh grafaigeach agus àireamhach' a bhith air a sealltainn ann an co-theacsa fear sam bith de na trì Aonadan sa Chùrsa.

Tha eisimpleirean de dhòighean measaidh airson nan Aonadan seo rim faighinn sa  
*Ghoireas Measaidh Nàiseanta.*

## Measadh Cùrsa

Tha measadh air luach-leasaichte<sup>1</sup> ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd Ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 5, Àrd Ìre agus Àrd Ìre Adhartach thèid an luach-leasaichte a mheasadh ann am measadh a' Chùrsa.

Feumaidh an luach-leasaichte airson a' Chùrsa dèiligeadh ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlán no cleachdadh.

Ann an Cùrsa Cruinn-eòlas Àrd Ìre, bidh luach-leasaichte a' cur fòcas air:

- ◆ farsaingeachd
- ◆ dùbhlán
- ◆ cleachdadh

Leudaichidh agus cleachdaidh an neach-ionnsachaidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha e air faighinn tron Chùrsa. Thèid seo a mheasadh le pàipear-cheistean<sup>2</sup> agus pìos-obrach<sup>3</sup>.

Iarraidh am pàipear-chèist gun seall iad farsaingeachd de sgilean, eòlas agus tuigse bho air feadh a' Chùrsa. Iarraidh am pìos-obrach gun leudaich agus gun cleachd luchd-ionnsachaidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse aca, agus bidh e fosgailte gu leòr gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

<sup>1</sup> Gheibhear mìneachadh an seo: <http://www.sqa.org.uk/sqa/jargonbuster>

<sup>2</sup>Faic an ceangal gu h-àrd airson mìneachadh

<sup>3</sup>Faic an ceangal gu h-àrd airson mìneachadh

# Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron Chùrsa stèidhte air *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fhighe a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

## 1 Litearrachd

### 1.1 Leughadh

## 2 Àireamhachd

### 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

## 4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

### 4.6 Saoranachd

## 5 Sgilean smaoineachaidh

### 5.3 A' cleachdadh

### 5.4 A' mion-sgrùdadh agus a' luachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA. Bidh ìre nan sgilean sin freagarrach airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

# Administrative information

---

**Published:** September 2014 (version 1.2)

---

## History of changes to National Course Specification

Course details	Version	Description of change	Authorised by	Date
C733 76	1.1	Re-wording of Outcomes to ensure consistency with Unit Specifications.	Qualifications Development Manager	April 2014
	1.2	Scottish Studies Award Unit contributing information added. No other changes made to document content.	Qualifications Manager	September 2014

This specification may be reproduced in whole or in part for educational purposes provided that no profit is derived from reproduction and that, if it is reproduced in part, the source is acknowledged. Additional copies of this Course Specification can be downloaded from SQA's website at [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Note: You are advised to check SQA's website ([www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk)) to ensure you are using the most up-to-date version of the Course Specification.

© Scottish Qualifications Authority 2014